



CALUM COLVIN

OSSIAN

FRAGMENTS OF ANCIENT POETRY

Calum Colvin's new work is centred upon Ossian, the blind Gaelic poet of the third century AD. The verses were presented by James Macpherson in the 1760s to a public enthused by the idea of a 'Scottish Homer' (Voltaire) and the Romantic thought that noble culture could be the product of a primitive age and a remote place. At the same time, Macpherson's retrieval of fragments of the heroic culture provoked a questioning of their authenticity. The coincidence of doubt and affirmation is the theme of Colvin's work. The erasure, suppression, neglect and recovery of a questionable memory of ancient Scottish history and culture provides a foundation upon which Colvin constructs an ironic, problematic and challenging commentary on modern Scotland.

1-9 BLIND OSSIAN I-IX

In Ossianic poetry, elemental evocations of the land and its natural dramas are the backdrop for the noble deeds of ancient heroes. Colvin superimposes the face of Ossian upon a scene of stony desolation, which seems to metamorphose from depopulated landscape into the ruins of a building, or a building that stands incomplete, then into mysterious standing stones, or stones in a graveyard, possessed by ghosts. Ossian, the ancient Celtic bard, presides over this scene, now clearly visible, now vague and obscured.

The face of the poet is based on an etching by Alexander Runciman (1736-85). Colvin's treatment acknowledges the artifice of the image. As an etching it contains the notion of something that is both present and absent – the 'positive' of the inked line and the 'negative' of the un-inked areas of paper. This becomes a metaphor for the fusion of the real and the fabricated in Macpherson's 'translations' of Ossian, which are themselves emblematic of the mingling of the mythical and the factual in Scottish history.

10 SCOTA 01

The engraving, *Melencolia I* upon which *Scota 01* is based is an allegorical self-portrait by the German Renaissance artist, Albrecht Dürer. Here, it seems the starting point for an allegory of the predicament of the contemporary Scottish artist. In the Dürer, the winged figure, a paradoxically earthbound angel, sits dejectedly, surrounded by the objects that represent the pursuit of knowledge and understanding: Mathematics, Astronomy, Philosophy, Geometry and the Arts. The image speaks in general terms about the futility of the search for Truth. Colvin's figure is *Scota*, the mythical Egyptian princess from whom Gaels and Scots are descended. She sits in the bleak and decaying landscape of *Blind Ossian*, gazing into the prevailing gloom with the aid of the projector light that she wears like a miner's helmet; and what she sees makes her despair.

Scota represents both Scotland and the artist when intellectual ambition and creative imagination are constrained by the limitations

of the modern world. The work contains particular references to photography as an ostensible recorder of 'truth', from glass negatives to the computer keyboard and the digitised copies of the portrait of Macpherson strewn on the ground. Digital manipulation makes possible a fake photography and a 'fake' reality.

11 TWA DOGS

Robert Burns's satirical poem *The Twa Dogs* demonstrates the absurdity of debates about social class and virtue. It takes the form of a dialogue between Caesar, a respectable upper-class dog, 'o' high degree' and a ploughman's collie called Luath, named after Cuchullin's dog in Macpherson's *Fingal*.

Colvin's dogs, who stand with their backs to each other at a hearth made up of the same blocks that form the desolate landscape in *Blind Ossian*, represent the dualities in modern Scotland. Tom Normand writes: 'In this clash, high and low culture, the classical and the modern world, the sublime and the ridiculous, are engaged in a fantasy duel. In turn, this becomes a saga of perpetual discord with Catholic and Protestant, the Highlander and the Lowlander, the Celtic Scot and the "North Briton", competing over a contested and unattainable "identity"'. Colvin, he says, presents the prospect of 'a world wherein these two dogs will be locked in vicious and pointless combat forevermore. This, then, is the wretched bequest of Ossian's dream, a world of unresolved conflict and perpetual despair.'

12 PORTRAIT OF ROBERT BURNS

Colvin has painted the head of Robert Burns (1759–96), based on the drawing by Archibald Skirving (1749–1819), based in turn on the famous portrait by Alexander Nasmyth (1758–1840) onto the landscape of *Blind Ossian*. The work contains references to Burns's poems – red roses, green rushes, a red heart – all scattered in a wasteland, like personal effects scattered through the dust and rubble of a bomb site, testimony to a life and to a culture destroyed. Burns, the national bard, is present as the son and heir of Ossian, because of his romantic sensibility. The notion of Burns as an uncultivated, 'natural' poet – and thus the eighteenth-century equivalent of Ossian – was propagated during his lifetime. His contemporary, Henry Mackenzie, called him 'the Heaven-taught ploughman.' Inevitably, a mythology grows up around such a remarkable product of nature and heaven, and there are differing perceptions of Burns. Which is the real Burns? The republican who applauded the French Revolution, or the sentimental Jacobite of his best-loved songs? Ossian, it has been suggested, provided Burns with 'a literary pose, in which he could express his feelings of pride, ambition and sensitivity without giving himself away directly.' (David Daiches).

13 PORTRAIT OF SIR WALTER SCOTT

Colvin includes Sir Walter Scott (1771–1832) in his pantheon of poets descended from Ossian. Scott took up Ossian's mantle, and enthusi-

asm for his poetry spread like wildfire across Europe. Colvin bases his portrait of Scott on the classical bust of Scott by Bertel Thorvaldsen, which is now in the Scottish National Portrait Gallery. It is superimposed onto an architectural ruin set against a black night sky. Perhaps we are to think of Scott's recommendation that we should view the ruins of Melrose Abbey by moonlight for the full romantic effect. The configuration of the stones also recalls the Scott Monument in Edinburgh.

Littered around the base, as if in mockery of the heroism of the austere portrait, are some irreverently playful items. Broken biscuits, emblematically frivolous in their confectioners' pink and white, are strewn among the rubble. Colvin invites our meditation upon our predilection for putting images of Scotland's great literary figures onto biscuit tins. He also includes a *Jimmy hat*, that 'sardonic emblem of modern Scottish identity... [which] has become an ironic reference to cultural and national independence.' (Normand) Colvin is reminding us that it was Scott who, on the occasion of the visit of George IV to Edinburgh in 1822, stage-managed the event and decked-out the entire population of the city in spurious tartan. The *tartanry* that is the legacy of this event means that, 'Highland culture and history has become picturesque entertainment and the dissenting aspects of the Celtic world, with Ossian as its most pertinent representative, become a tourist's trinket.' (Normand)

14-21 FRAGMENTS I-VIII

This eight-part work is an evolving portrait, a metamorphosis of the head of a Maori into that of a Highland Scotsman. Or rather, a pastiche of an anthropological engraving of a Maori mutates into a cliché of a 'typical' Scotsman. The Maori, whose tattoos are a visual echo of the lines in the head and beard of *Blind Ossian*, represents the 'noble savage' and echoes Ossian over again. The head is set not in a ruined landscape, but on a viewing screen. The objects that make up the set refer to ideas about authenticity, origin and ancestry. They are coated with a fine layer of grey dust. A fallout covers a world where only discrete fragments of former life remains. Colvin issues a stark warning of what an over-zealous concern with issues of origins and racial authenticity can lead to.

The Maori head is eventually replaced by that of the Highlander. Strewn around the ground are digital and analogue photographs of a portrait of James Macpherson. Normand writes: '...the various personas of cultural identity meld and mutate. Simultaneously the symbols of national character and distinctiveness reveal both their diversity and their universality. Hence, the figure of "savage" Ossian folds into the "noble" Maori: Burns and Scott become twin of "Blind Harry" [Colvin's working title for this piece which refers to Harry Lauder and the traditional music-hall Scotsman] who is now a composite poet, entertainer and cartoon. And all are kin and companion to the mysterious, controversial figure of James Macpherson'.

22 PORTRAIT OF JAMES MACPHERSON

The final work in the exhibition is a reprise of the starting point – the controversial figure of James Macpherson (1736–96) the ‘translator’ of the poems of Ossian. The portrait is based on that in the collection of the Scottish National Portrait Gallery which, not having been painted from life, is not strictly speaking an ‘authentic’ portrait. That it is a copy, by an unidentified artist, of a portrait by Sir Joshua Reynolds, is strangely appropriate. The irony is not lost on Colvin.

In his portrait of Macpherson, Colvin has created what Normand calls ‘a compound forgery’. The image is placed against the background used for the ‘Maori’ and ‘Blind Harry’ of *Fragments* but this time, rather than paint the portrait onto the set, he has used ‘Photoshop’ to insert a portrait, manipulated to look like a painted work by Colvin the image-maker. As Normand writes ‘This is Colvin’s “forgery”, created to reprise the spectacular, surreal, and infamous debate surrounding Macpherson’s life and work’.*

23 CRUTHNI I–III

There is paradox of which Colvin is acutely aware for a modern artist concerning himself with issues of national identity and cultural authenticity. Modernism is to do with freedom from parochial narrowness. But there persists the need to know what the tradition is – to belong to it or to reject it. The Scottish artist, Colvin suggests, is adrift from cultural tradition. Indeed, it is this sense of alienation that is the premise of authenticity.

This triptych, whose title refers to a Pictish tribe, considers the problematic question of Scottish identity. The lines or striations that made up the face of Blind Ossian have reconfigured to form a fingerprint. The established means of authentication of identity, unique to every individual, also contains the idea of disappearance. It is the trace that remains after a person is no longer present at the scene of a crime. The double helix of the DNA molecule is another symbol of modern methods of genetic identification. The Blind Harpist plays with an abacus rather than the golden strings of a lyre. Computation is indifferent to harmony. We are invited to ask whether the world is knowable to heart or head.

- * As a final irony, it has subsequently been disclosed by the artist that the portrait of James Macpherson is not an ‘authentic’ Calum Colvin forgery after all. It was made, at his request, by someone else. So it too is a fake.

Notes written by Julie Lawson, exhibition curator, Scottish National Portrait Gallery

A fully illustrated catalogue is available to accompany this exhibition:
Calum Colvin, Ossian: Fragments of Ancient Poetry by Tom Normand
ISBN 1 903278 35 X



CALUM COLVIN

OISEIN

BLOIGHEAN DE SHEANN BHÀRDACHD

Aig cridhe na h-obrach ùir aig Calum Colvin tha Oisein, bàrd dall Gàidhlig bhon treas linn AD. Anns na 1760an thug Seumas Bàn MacMhuirich rannan Oisein do shluagh a bha air am beò-ghlacadh le coincheap 'Hòmar na h-Alba' aig Voltaire 's leis an smuain Romansaich gum faodadh cuiltear uasal tighinn á aois fada seachad 's á àite fad ás. Ged a lorg MacMhuirich bloighean den t-seann dualchas, aig an aon àm dh'adhbhraich seo ceasnachadh a thaobh cho ùghdarrasach 's a bha iad. 'S e co-thuiteamas an teagaimh 's an daingneachaidh an cuspair aig obair Cholvin. Tha gun deach cuimhne chugallach air seann eachdraidh 's dualchas na h-Alba a dhubhadh ás, a chumail fodha, a chur an dearmad 's a lorg as ùr a' toirt bun-stèidh air a bheil Colvin a' togail aithris ioranach, imcheisteach, dhùbhlach mu Alba an latha an-diugh.

1-9 OISEIN DALL I-IX

Ann am bàrdachd Oiseineach gheibh sinn gnìomhan uaisle nan seann ghaisgeach còmhla ri guthan eileamaideach a' seinn sa chùl mun fhearann 's mu dhràma sior-atharrachail nàdair. Tha Colvin a' sgaoleadh gnùis Oisein thairis air fàsach corrach aonranach a tha ag atharrachadh cruth, a rèir choltais, bho dhùthaich lom ás an do theich na daoine, gu bloighean togalaich no gu tobhta, agus an uair sin gu tursachan diomhair no gu clachan ann an cladh a tha ga thathaich le taibhsean. A' coimhead thairis air seo uile tha Oisein, an seann bhàrd Ceilteach. Aon mhìonaid tha e ri fhacinn gu soilleir, an ath mhìonaid is gann a chithear idir e.

Thugadh aghaidh a' bhàird bho shnaidheadh a rinn Alastair Runciman (1736-85). Tha an làimhseachadh aig Colvin ag aithneachadh innleachd na h-ìomhaighe. Mar shnaidheadh tha e toirt seachad nòisean de rudeigin a tha an dà chuid ann agus ás - 'dearbhadh' na loidhne dhubhte agus 'diùltadh' a' phàipeir bhàin. Tha seo a' dol 'na mheatafor airson tàthadh na tha fìor 's na tha feallsa sna 'h-eadar-theangachaidhean' a rinn MacMhuirich de dh'Oisein, a tha iad fhèin 'nan samhla do cholmadh an uirsgeula 's na fìrinn ann an eachdraidh na h-Alba.

10 SCOTA 01

Tha *Scota 01* stèidhichte air a' ghràbhaladh *Melencolia I*, dealbh co-shamhlachail dheth fhèin le ealainiche mòr Gearmailteach an Ath-Bheothachaidh, Albrecht Dürer. 'S e th' ann an-seo a rèir choltais ach àite-tòiseachaidh do cho-shamhla mun staing anns a bheil an t-ealainiche Albannach an-diugh. Ann an dealbh Dürer tha am pearsa sgiathach, aingeal a tha gu paradocsach air talamh, 'na shuidhe gu brònach air a chuartaich leis na nithean a tha a' riochdachadh sealg na tuigse 's an eòlais: Matamataig, Reuleòlas, Feallsanachd, Geomatas agus na h-Ealain. Tha an ìomhaigh a' bruidhinn san fharsaingeachd mu cho faoin 's a tha sealg na fìrinn. 'S e am pearsa aig Colvin ach *Scota*, banaphrionnsa Eipheiteach an uirsgeula bhon do shìolaidh na Gaidhil 's muinntir Alba. Tha i 'na suidhe ann an dùthaich through sheargte *Oisein Doill*, a' sìor sgrùdadh an dubhair a tha timcheall a h-uile nì le cuideachadh solas a' phròiseactair a tha mar chlogad mèinneadair air a ceann; agus na tha i faicinn tha e ga fàgail làn eudòchais.

Tha *Scota* a' riochdachadh an dà chuid Alba 's an ealainiche nuair tha miann innleachdach agus mac-meanmna cruthachail air an cuingealachadh le crìochan saoghal an latha an-diugh. Anns an obair tha reifreansan air leth ri

fotosgriobhadh a tha a rèir choltais a' clàradh na 'firinne', bho plàtaichean-gloine diùltach gu bòrd-iuchrach compiutair agus lethbhric mheuraichte de dhealbh MhicMhuirich sgaoilt' air an làr. Tha làimhseachadh meurach a' ceadachadh fotosgriobhadh brèige agus firinn 'brèige'.

11 AN DÀ CHÙ

Tha an aoir aig Raibeart Burns *An Dà Chù* a' nochdadh cho amaideach 's a tha deasbadan mu bheusan 's ire shòisealta. Tha i ann an riochd còmhraidh eadar Caesar, cù 'o' high degree' a bhuineas do na h-uaislean, agus cù treabhaiche ris an canar Luath a tha air ainmeachadh air madadh Chu-Chulainn ann am *Fingal* aig MacMhuirich.

Tha coin Cholvin, a tha 'nan seasamh cùl ri cùl aig teallach dèante bho na h-aon bhlocaichean a chithear ann an dùthaich lom *Oisein Doill*, a' riochdachadh dùbailteachdan Alba an latha an-diugh. Tha Tom Normand a' sgrìobhadh: 'Anns a' chòmhstri seo tha cuiltear àrd agus iseal, saoghal na Grèige, na Ròimhe 's an latha 'n-diugh, 's an glic 's an gòrach, uile an sàs ann an sabaid masa-fior. Tha seo a' dol an uair sin 'na sgeul fada aimhriteach gun chrìoch le Caitligeach agus Pròstanach, Gaidheal agus Gall, Sgotach Ceilteach agus "Breatannach fa Thuath" a' còmhstri thairis air "ionannachd" a tha connspaideach agus do-ruigsinn.' Tha Colvin, tha e 'g ràdh, a' nochdadh dhuinn 'saoghal far am bi an dà chù seo glaiste gu bràth tuilleadh ann an còmhstri mhi-chneasta gun stàth. Seo, ma-tà, tiomnadh truagh aisling Oisein, saoghal anns a bheil còmhstri gun cheann agus eudòchas buan.'

12 DEALBH DE RAIBEART BURNS

Pheant Colvin ceann Raibeart Burns (1759–96), stèidhichte air an sgeidse le Gillesbaig Skirving (1749–1819), stèidhichte mu seach air an dealbh ainmeil le Alastair Nasmyth (1758–1840), a-staigh air dùthaich *Oisein Doill*. Tha an obair a' toirt tarraing air bàrdachd Bhurns – ròsan dearga, luachair uaine, cridhe dearg – uile sgaoilt' ann am fàsach, coltach ri seilbh phearsanta sgaoilt' air feadh duslach agus sprùilleach làrach boma, 'nan teisteanas air beatha 's dualchas sgrìosta. Tha Burns, am bàrd nàiseanta, an làthair mar mhac agus oighre Oisein air sgàth a chuid fhaireachdainneachd romansaich. 'S ann ri linn Bhurns fhèin a chaidh am beachd mu sgaoil gun robh e 'na bhàrd 'nàdarra' gun sgoil, agus mar sin 'na mhaca-samhl' aig an ochdamh ceud deug do dh'Oisein fhèin. A rèir a cho-aoisich Eanraig MacCoinnich b' e 'an treabhaiche chaidh theagasc an Nèamh'. Nuair tha sliochd cho iongantach aig nàdar 's nèamh tha fios gum bi uirsgeulan a' fàs suas mu thimcheall, agus tha diofar dhòighean ann air Burns fhaicinn. Co ac' am fìor Bhurns? Am poblachdach a dh'fhàiltich Ar-a-Mach na Frainge – no Seumasach tiamhaidh nan òran sin as fheàrr leis an t-sluagh? Sgrìobh Dàibhidh Daiches uair gun tug Oisein 's dòcha do Bhurns 'rosg litreachail anns am faodadh e a chuid fhaireachdainnean a thaobh mòit, miann agus mothachaidh a chur an cèill gun e fhèin a rùsgadh buileach'.

13 DEALBH DE SHIR BHÀTAR SCOTT

Tha Colvin a' cur Sir Bhàtar Scott (1771–1832) am measg nan sàr bhàrd a tha gan sloinneadh air Oisein. Thog Scott brat Oisein, agus sgaoil eud don bhàrdachd aige mar na falaisgean air feadh na Roinn Eòrpa. Tha Colvin a' stèidheachadh a dhealbh de Scott air a' cheann chlasaigeach a rinn Bertel Thorvaldsen dheth 's a

tha a-nis ann an Galaraidh Nàiseanta Albannach nan Dealbhan Daoine. Tha e sgaoilte thairis air ailtireachd sgrìosta air beulaibh adhar dubh na h-oidhche. 'S dòcha gu bheil againn ri beachdachadh air moladh Scott gur ann ri solas na gealaiche a b' fheàrr dhuinn sealltainn air na th' air fhàgail de dh'abaid Mhaolrois mas e a làn bhuaidh romansach a tha dhith oirnn. Tha cumadh nan clach cuideachd a' toirt gu cuimhne carragh-cuimhne Scott ann an Dùn Èideann.

Braecte mun bhonn, mar gum b' ann a' magadh air gaisgeachd an deilbh 's e cho cruaidh, tha grunnan nithean àbhachdach neo-chràbhach. Tha briosaidean briste, 's iad cho samhlauchail faoin fo pinc agus geal a' mhilseanaiche, sgaoilte am meas an sprùillich. Tha Colvin a' sireadh ar smaointean a thaobh cho dèidheil 's a tha sinn air iomhaighean ar pearsachan mòra litreachais air canastairean bhriosaidean. Tha e sadail a-staigh *Jimmy hat*, an 'suaicheantas sardònach sin de dh'ionannachd na h-Alba an-diugh . . . [a tha] air a dhol 'na reifreans ioranach ri neo-eisimeileachd chuilteireil agus nàiseanta' (Normand). Tha Colvin a' cuimhneachadh dhuinn gur ann aig Scott, nuair a thug Deòrsa IV cuairt air Dùn Èideann ann an 1822, a bha smachd air an àrd-ùrlar, agus gun do sgeadaich e muinntir a' bhaile gu lèir ann an tartan a dheilbh e fhèin. Tha an *tartanachas* a th' againn mar dhileab bhon tachartas seo a' ciallachadh, a rèir Normand, gun deach 'dualchas agus eachdraidh nan Gaidheal 'nan dibhearsain àlainn' agus gun deach 'na nithean a b' easantaile ann an saoghal nan Ceilteach, aig nach robh riochdaire na b' iomchaidhe na Oisein, 'nan seudan siùbhlaiche'.

14-21 BLOIGHEAN I-VIII

Tha an obair ochdphàirteach seo 'na dealbh-duine a tha a' sior leasachadh, ceann Maori a' cruth-atharrachadh 'na cheann Gaidhil. Neo b' fheàrr a ràdha, tha bùrach de shnaidheadh daoineòlach de Mhaori a' dol 'na mhag-dhealbh de dh'Albannach 'àbhaisteach'. Tha tatauaichean a' Mhaori a' toirt gu cuimhne dealbh de na loidhnichean ann an ceann 's ann am feusag *Oisein Doill*. Tha e a' riochdachadh an 't-samhanaich uasail' agus a' toirt Oisein gu cuimhne aon uair eile. Tha an ceann air a shuidheachadh chan ann an dùthaich an lèirsgrìos ach air sgrìne choimhid. Tha na rudan san t-seata toirt tarraing air smaointean mu ùghdarrasachd, mu fhreumhan 's mu shinnsreachd. Tha iad paisgt' ann an sgleò de dhuslach min. Tha sileadh nüclasach a' còmhdachadh saoghal far nach eil dad air fhàgail den bheatha a bh' ann uaireigin ach bloighean air leth. Tha Colvin a' toirt rabhadh làidir mun toradh a bhios aig cùram ro eudmhor do cheistean a bhuineas ri freumhan 's ri ùghdarrasachd chinnidh.

Mu dheireadh tha ceann a' Ghaidhil a' gabhail àite ceann a' Mhaori. Sgaoilte mun làr tha fotosgrìobhaidhean meurach agus analog de dhealbh de Sheumas Bàn MacMhuirich. Tha Normand a' sgrìobhadh 'gu bheil na dìofar phearsantachdan de dh'ionannachd chuiltearail a' colmadh 's a' mùthadh. Aig an aon àm tha samhlauchd na pearsantachd 's na suaicheantachd nàiseanta a' nochdadh an dà chuid an iomadaidheachd agus an coitcheannachd. Mar sin, tha pearsa an Oisein "bhuirb" a' filleadh anns a' Mhaori "uasal", agus tha Burns agus Scott a' dol 'nan leithean aig "Eanraig Dall" [an tìotal obrach aig Colvin don phìos seo a tha a' toirt tarraing air Harry Lauder agus air Albannach tradiseanta an talla-chiùil] a tha a-nis 'na cholmadh de bhàrd, de ghlaicire 's de chartun. Agus tha iad uile 'nan càirdean 's 'nan companaich do phearsa dìomhair connspaideach Sheumais Bhàin MhicMhuirich'.

22 DEALBH DE SHEUMAS MACMHUIRICH

Tha an obair mu dheireadh san taisbeanadh a' toirt an àite-tòiseachaidh gu cuimhne – pearsa connspaideach Sheumais MhicMhuirich (1736–96), 'eadar-theangair' dàintean Oisein. Tha an dealbh stèidhichte air an fhear ann an cruinneachadh Galaraidh Nàiseanta Albannach nan Dealbhan Daoine nach eil gu ceart 'na dhealbh-duine 'ùghdarrasach', oir chan ann on bheò a chaidh a pheantadh. Tha e gu h-iongantach iomchaidh gu bheil e 'na lethbhreac a rinn ealainiche gun urra de dhealbh le Sir Joshua Reynolds. Cha deach an t-ioranas a chall air Colvin.

'Na dhealbh de Sheumas Bàn, chruthaich Colvin rud ris an can Normand 'ioma-mheallsgriobhadh'. Tha an ìomhaigh air a cur ris a' chùirtear-chùil a chaidh a chleachdadh do Mhaori 's do 'dh'Eanraig Dall' nam *Bloighean*, ach an turas seo, seach an dealbh a pheantadh a-staigh air a' chùirtear-chùil, dh'ùisnich e 'Photoshop' airson dealbh-duine a chur a-staigh air an t-seata, ga làimhseachadh ach am bi e coltach ri obair pheantaichte le Colvin, dèanadair nan ìomhaighean. Mar a tha Normand a' sgrìobhadh: 'Seo "meallsgriobhadh" Cholvin, a chruthaich e gus an deasbaireachd shuaicheanta, osfìrinneach, mhì-chlìuichte mu bheatha 's obair MhicMhuirich a thoirt gu cuimhne.'*

23 CRUITHNICH I–III

Tha Colvin geur-mhothachail air paradocs do dh'ealainiche an latha an-diugh a tha an sàs ann an ceistean a bhuineas ri ionannachd nàiseanta agus ri ùghdarrasachd chuiltearail. Tha ùr-nodhadh a' gabhail gnothaich ri saorsa bho lùb a' gheòidh. Ach tha feum fhathast air fios mun dualchas – air buntainn dha no air cùl a chur ris. Tha an t-ealainiche Albannach, a rèir Cholvin, air leth bhon dualchas. Gu dearbh, 's e an dealachadh seo iuchair na h-ùghdarrasachd.

Tha an dealbh-fa-thri seo a' beachdachadh mu cheist dhoirbh na h-ionannachd Albannaich. Tha na loidhnichean neo na sgrìoban a thug dhuinn aghaidh Oisein Doill air cruth-atharrachadh 'nan lorg meòir. An lùib an dòigh stèidhichte seo air ionannachd a dhearbhadh, a tha aig gach duine dha fhèin a-mhàin, tha smaointean mu bhith dol á sealladh, oir tha an lorg sin ann fhathast nuair dh'fhàgas duine àite na dòibheirt. Tha casloidhne dhùbailte a' mhoiligil DNA 'na samhla eile do dhòighean an latha an-diugh air gintinneachd aithneachadh. Tha an clàrsair dall a' cluich air clàr-cunntais seach òr-theudan na cruite. Tha cunntasachd coingeis mun cheòl. Thathar ag iarraidh oirnn faighneachd an ann aig cridhe no ceann tha eòlas an t-saoghail.

* Mar ìoranas deireannach, leig an t-ealainiche ris bhon uair sin nach e meallsgriobhadh 'ùghdarrasach' aig Calum Colvin tha seo idir. Chaidh a dhèanamh air iarrrtas fhèin le cuideigin eile. Mar sin 's e foill tha seo cuideachd.

Notaichean sgrìobhte le Julie Lawson, Cùradair an taisbeanaidh

Tha catalog làn dealbhan ri fhaotainn an lùib an taisbeanaidh seo:
Calum Colvin, Oisein: Bloighean de Sheann Bhàrdachd le Tom Normand

ISBN 1 903278 35 X

Ces œuvres de Calum Colvin sont basées sur Ossian, le poète gaélique aveugle du 3^{ème} siècle après JC. Les vers furent présentés dans les années 1760 par James Macpherson à un public enthousiaste à l'idée d'un « Homère écossais » (Voltaire) et à l'idée romantique qu'une culture noble puisse provenir d'un âge primitif, dans une contrée lointaine. En même temps, la découverte par Macpherson des fragments de cette culture héroïque mit en cause leur authenticité. Les œuvres de Colvin portent sur cette coïncidence entre le doute et l'affirmation. L'effacement, la suppression, la négligence et enfin la redécouverte d'une mémoire incertaine de l'histoire et de la culture antiques écossaises forment les fondations sur lesquelles Colvin construit un commentaire ironique, stimulant et problématique sur l'Ecosse moderne.

Les œuvres décrites ci-dessous ne seront pas montrées dans leur intégralité dans certains locaux.

1-9 BLIND OSSIAN I-IX (OSSIAN L'AVEUGLE)

Dans la poésie ossianique, les évocations brutes de la nature et de ses drames sont la toile de fond pour les nobles actions des héros antiques. Colvin superpose le visage d'Ossian à une scène de désolation rocheuse qui semble se métamorphoser: un paysage inhabité devient une construction en ruines ou inachevée, puis, des pierres levées, ou des pierres dans un cimetière hanté. Ossian, le barde celte de l'Antiquité, préside cette scène, il est tout d'abord clairement visible, puis flou et masqué.

10 SCOTA 01

La gravure *Melencolia I*, sur laquelle est basée *Scota 01* est un auto-portrait allégorique de l'artiste allemand de la Renaissance, Albrecht Dürer. Ici, elle semble être le point de départ pour une allégorie de la condition difficile de l'artiste écossais contemporain. Dans le Dürer, la silhouette ailée, un ange paradoxalement condamné à rester au sol, est assise, l'air abattu, entourée par les objets représentant la poursuite du savoir et de la compréhension: Mathématiques, Astronomie, Philosophie, Géométrie et Art. L'image exprime en termes généraux la futilité de la recherche de la Vérité. Cette silhouette de Colvin est *Scota*, la princesse égyptienne mythique dont les Gaëls et les Ecosseis sont les descendants. Elle est assise dans le paysage morne et à l'abandon de *Blind Ossian*, et son regard fixe pénètre la quasi-obscureté grâce à la lampe qu'elle porte comme un casque de mineur. Ce qu'elle voit la remplit de désespoir. *Scota* représente à la fois l'Ecosse et l'artiste lorsque les ambitions intellectuelles et l'imagination créative sont restreintes par les limitations du monde moderne.

11 TWA DOGS (DEUX CHIENS)

Le poème satirique de Robert Burns, *The Twa Dogs*, démontre l'absurdité des débats sur les classes sociales et la vertu. Il prend la forme d'un dialogue entre César, respectable chien de classe, chien de haut rang (« o high degree ») et Luath, colley appartenant à un laboureur, qui tient son nom du chien de Cuchullin dans *Fingal* de Macpherson. Les chiens de Colvin, qui se tournent le dos devant une cheminée construite avec les pierres qui forment le paysage désolé figurant dans *Blind Ossian*, représentent le dualisme présent dans l'Écosse moderne. Tom Normand écrit : « Dans ce conflit, la culture élevée et la moins élevée, le monde classique et le monde moderne, le sublime et le ridicule, s'affrontent dans un duel imaginaire. Cela devient ensuite une saga de discorde perpétuelle entre le Catholique et le Protestant, le Highlander et le Lowlander, le Celte, l'Écossais et le « Britannique du Nord », qui se disputent une « identité » contestée et inaccessible. »

12 PORTRAIT DE ROBERT BURNS

Colvin a peint le visage de Robert Burns (1759–96), d'après le dessin d'Archibald Skirving (1749–1819), basé lui-même sur le portrait célèbre par Alexander Nasmyth (1758–1840), sur le paysage de *Blind Ossian*. Burns, le barde national, est présent en tant que fils et héritier d'Ossian, étant donné sa sensibilité romantique. De son vivant, Burns était considéré comme un poète « naturel » et inculte et par là même l'équivalent d'Ossian au dix-huitième siècle. Son contemporain, Henry Mackenzie, le surnommait « le laboureur éduqué au Paradis ». Inévitablement, une mythologie se crée autour d'un tel produit de la nature et du Paradis. C'est pourquoi Burns est perçu de différentes manières. Qui est le vrai Burns ? Le républicain qui applaudissait la Révolution française, ou le Jacobite sentimental qui figure dans ses plus belles chansons d'amour ? Il a été suggéré, qu'Ossian a offert à Burns « une prose littéraire dans laquelle il pouvait exprimer sa fierté, son ambition et sa sensibilité sans pour autant se livrer directement » (David Daiches).

13 PORTRAIT DE SIR WALTER SCOTT

Colvin inclut Sir Walter Scott (1771–1832) dans son panthéon de poètes descendus d'Ossian. Scott défendit la cause d'Ossian et l'enthousiasme pour son œuvre se propagea à travers toute l'Europe. Colvin base son portrait de Scott sur le buste classique de Scott par Bertel Thorvaldsen, qui se trouve maintenant à la Scottish National Portrait Gallery. Il est superposé à une ruine architecturale sur un ciel nocturne noir.

Au pied du buste, comme se moquant de l'héroïsme de cet austère portrait, se trouvent des objets quelque peu irrévérencieux. Des biscuits cassés, dans leur emballage de confiseur rose et blanc, emblème frivole, jonchent les décombres. Colvin nous invite ici à

méditer sur notre prédilection à décorer les boîtes à biscuit avec les grands auteurs écossais. Il inclut également un *Jimmy hat*, « emblème sardonique de l'identité écossaise moderne... [qui] est devenue une référence ironique à l'indépendance culturelle et nationale. » (Normand) Colvin nous rappelle que c'est Scott, qui, à l'occasion de la venue de George IV à Edimbourg en 1822, a pris la direction de l'événement et a paré toute la population de la ville de faux tartan. L'engouement pour le tartan (« tartanry ») qui suivit cet événement signifie que « la culture et l'histoire des Highlands sont devenues un divertissement pittoresque et les aspects dissidents du monde celtique, ayant Ossian comme son représentant le plus pertinent, des bibelots pour touristes. » (Normand)

14-21 FRAGMENTS I-VIII

Ce cycle comprenant 8 parties est un portrait qui évolue, la métamorphose du visage d'un Maori en celui d'un Écossais des Highlands. Ou plutôt, le pastiche d'un travail anthropologique où un Maori se transforme en un cliché d'un Écossais « typique ». Le Maori, dont les tatouages sont un écho visuel des traits sur le visage et la barbe de *Blind Ossian*, représente le « bon sauvage » et fait écho à Ossian. Le visage n'est pas placé dans un paysage en ruines mais devant un écran de projection. Les objets qui constituent la scène se rapportent à des idées d'authenticité, d'origine et d'ascendance. Ils sont recouverts d'une fine couche de poussière grise. Des retombées radioactives recouvrent un monde où seuls de minces fragments de vie passée demeurent. Colvin lance ainsi un avertissement sévère sur les conséquences désastreuses que peut avoir un intérêt excessif pour les questions sur les origines et l'authenticité raciale.

Le visage du Maori finit par laisser la place à celui du Highlander.

22 PORTRAIT DE JAMES MACPHERSON

James Macpherson était le « traducteur » des poèmes d'Ossian. Le portrait est basé sur celui de la collection de la Scottish National Portrait Gallery, qui, n'étant pas d'après nature, n'est pas à strictement parler un portrait « authentique ». Le fait que ce soit une copie, par un artiste non identifié d'un portrait par Sir Joshua Reynolds, est étrangement approprié. L'ironie de la chose n'échappe pas à Colvin.

Dans son portrait de Macpherson, Colvin a créé ce que Normand appelle « a compound forgery » (une contrefaçon composée). L'image est placée sur le fond utilisé pour le « Maori » des *Fragments*. Cependant, cette fois-ci, plutôt que de peindre le portrait directement sur cette scène, il utilise Photoshop pour insérer un portrait, qui a été manipulé pour ressembler à une peinture effectuée par Colvin, le créateur d'images. Ainsi Normand écrit « c'est la « contrefaçon » de Colvin, créée pour reprendre le débat spectaculaire, surréaliste et tristement célèbre sur la vie et l'œuvre de Macpherson. » *

Colvin est pleinement conscient du paradoxe qu'il rencontre en tant qu'artiste moderne traitant de questions d'identité nationale et d'authenticité culturelle. Le modernisme permet de se libérer de l'étroitesse d'esprit traditionnelle. Cependant, le besoin de connaître les traditions est nécessaire afin de les accepter ou de les rejeter. Colvin suggère que l'artiste écossais est détaché de la tradition culturelle. En effet, c'est ce sentiment de détachement qui constitue les prémisses de l'authenticité.

Ce triptyque, dont le titre se rapporte à une tribu picte, aborde la question problématique de l'identité écossaise. Les traits ou rayures qui composaient le visage de Blind Ossian ont été configurés différemment afin de former une empreinte digitale. C'est, en effet, le moyen établi d'authentification de l'identité, propre à chaque individu, qui contient également l'idée de disparition. C'est la trace qui subsiste sur les lieux d'un crime après que l'auteur en est parti. La double hélice de la molécule d'ADN est un autre symbole des méthodes modernes d'identification génétique. Le Blind Harpist (l'harpiste aveugle) joue sur un boulier plutôt que sur les cordes dorées d'une lyre. Le calcul est indifférent à l'harmonie. Nous sommes invités à nous demander si le monde est connaissable à travers l'esprit ou le cœur.

- * L'ironie finale est que l'artiste a révélé par la suite que le portrait de James Macpherson n'est pas, après tout, une contrefaçon « authentique » par Calum Colvin. Il a, en effet, été réalisé, à sa demande, par quelqu'un d'autre. Il est, ainsi, également un faux.